

UNLIMITED

Oifigear Ionmhais Pasgan Neach-tagraidh

Mu dheidhinn Unlimited

Tha Unlimited na bhuidheann coimiseanaidh a tha fo stiùir daoine air a bheil ciorram. Bidh sinn a' coimiseanadh obair iongantach bho luchd-ealain ciorramach a bhios ag atharrachadh agus a' toirt dùbhlàn dhan t-saoghal.

Bidh sinn a' taiceadh, a' maoinachadh agus a' brosnachadh obair ùr le luchd-ealain ciorramach, às leth luchd-amhairc Breatannach is eadar-nàiseanta. Tha sinn air ar maoinachadh le Comhairle Ealain Shasainn, Comhairle Ealain na Cuimrigh, Comhairle Bhreatainn, Alba Chruthachail, Fidelity Foundation agus Paul Hamlyn Foundation.

Bho 2013, thug sinn taic do 521 luchd-ealain. Tha maoinan de £6.5 millean againn. Tha an obair aca air luchd-amhairc de chòrr is còig millean duine a ruigsinn. Mar sin dheth, is sinne as motha a tha a' toirt taic do luchd-ealain ciorramach air feadh an t-saoghail.

Tha sinn nar Buidheann Phròiseactan Nàiseanta aig Comhairle Ealain Shasainn 2023-27. Leughar barrachd mu na tha seo a' ciallachadh dhuinn an seo.

Tha sinn air leth mar bhuidheann. Tha sinn ag obair thar na RA gu lèir anns gach raon ealain, a' dearbhadh gu bheil luchd-ealain ciorramach, ann an da-rìribh, gun chrìochan.

Leis na th' ann de dhùbhlain shòisealta is phoilitigeach an-dràsta, tha sinn den bheachd gu bheil obair luchd-ealain ciorramach cho riatanach 's a bha i riamh. Le bhith a' leantainn ar lèirsinn agus a' cumail ri ar luachan, bidh pàirt againn ann an

ath-shlànachadh is teachd-àin cultarach, sòisealta is eaconamach na roinne ealain, anns an RA agus gu h-eadar-nàiseanta.

Leis gu bheil sgioba is bòrd trasnach (intersectional) fo stiùir luchd-ciorraim againn, tha dealas oirnn airson co-ionannachd is iomadachd, chan ann a-mhàin a bhith a' bruidhinn orra, ach gan cur an gnìomh ann an da-rìribh.

Tha prìomh-oifis ùr againn ann an Wakefield, ach tha an sgioba sgapte air feadh na RA, mar sin dheth, gabhaidh an obair seo dèanamh bho nàisean sam bith san RA.

Tha Unlimited fo stiùir bòrd luchd-urrais (92% dhiubh a tha nan luchd-ciorraim an-dràsta). Tha sgioba de 17 buill againn an-dràsta (82% dhiubh comharraichte mar luchd-ciorraim aig a bheil feuman ruigsinneachd no suidheachaidhean slàinte maireannach). Leughar barrachd mu ar sgioba agus bòrd an seo.

Ar misean

Bidh Unlimited a' coimiseanadh obair iongantach bho luchd-ealain ciormach gus an dèan an roinn chultarail gu lèir an leithid cheudna. Atharraichidh agus bheir an obair seo dùbhlàn dhan t-saoghal.

Tha ceithir luachan againn:

- Is sinne Unlimited
- Tha sinn a' cur luach air Cothromas
- Tha sinn a' cur luach air Luchd-ealain
- Tha sinn Radaigeach

Is ann dhan bhòrd, luchd-obrach, neo-eisimeilich, luchd-ealain, luchd-caidreibh, agus càch ris an ceangail sinn, a tha ar misean is luachan. Nì sinn cinnteach gu bheil iad aig cridhe na bhios sinn a' dèanamh agus dhen dòigh anns am bi sinn ga dhèanamh.

Tha còig dualan nar cuid obrach.

Bidh sinn A' COIMISEANADH luchd-ealain ciormach airson ATHARRACHADH a dhèanamh.

Bidh sinn A' TAICEADH agus A' LEASACHADH na roinne agus ga CEANGAL ri luchd-ealain ciormach.

Bidh sinn A' TAICEADH agus A' LEASACHADH na roinne agus ga CEANGAL ri luchd-ealain ciorramach.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh an seo.

Ion-ghabhalachd, iomadachd agus ruigsinneachd

Tha gaol againn air ion-ghabhalachd agus cuiridh sinn luach air fèin-fhiosrachadh anns gach riochd a ghabhas e.

Thathar gu sònraichte a' brosnachadh dhaoine bhon mhòr-chuid chruinneil*, a tha LGBTQIA+, ciorramach** agus/no a tha bhon chlas obrach no cùl-raointean sòisio-eaconamach ìosal.

* Gabhaidh seo a-steach ach chan ann a-mhàin, daoine de dhualchas Dubh Charibbeanach is Afraganach, Àisianach a Deas 's an Ear 's an Ear-dheas 's an Iar, Arabach, Laideannach, Iùdhach, Ròma agus Luchd-siubhail Èireannach.

** Gabhaidh seo a-steach ach chan ann a-mhàin, feadhainn a chomharraicheas iad fhèin mar luchd-ciorraim, mar dhaoine le suidheachaidhean slàinte maireannach, mar eisimpleir, bhodhar, Bodhar, niùro-eagsamhail no a thaobh feuman ruigsinneachd ceangailte ri an slàinte.

Chan eil daoine bho na buidhnean seo air an riochdachadh gu leòr fhathast sna h-ealainean gu nàiseanta, agus tha rùn againne dùbhlán a thoirt do seo agus a bhith ga atharrachadh.

A thuilleadh air a' chruth sgrìobhte seo fhèin, tha na pasgain neach-tagraidh againn rim faotainn ann an clò mòr, cànan-soidhnidh Bhreatainn is cruthan claisneachd air an làraich-lìn againn.

Tha sinn deònach na pasgain luchd-tagraidh againn a thabhann ann an cruthan eile, Braille nam measg, mar dh'iarraas daoine seo. Cuiribh fios thugainn le post-dealain aig info@weareunlimited.org.uk no fònaibh gu 07506 679968.

Chan fhalaich sinn ainmean air tagraidhean agus nì sinn iomradh air dàta co-ionannachd airson ar geàrr-liosta a chothromachadh, oir 's e aon de na slatan-tomhais a ghabhas sgòradh againn a bhith a' cur ri iomadachd ar sgioba. Leughar tuilleadh mun dòigh fastaidh againn ann an aon de na blogaichean as ùire an seo.

Fiosrachadh cudromach mun dreuchd

Tìotal Obrach: Oifigear Ionmhais

Cunntachail do: Manaidsear Ionmhais

Seòrsa Cùmhnaint: Maireannach

Uairean: Thathar an dùil gum bi an dreuchd seo 40 uair a thìde san t-seachdain (làn ùine), ach tha sinn cuideachd a' cur fàilte air tagraidhean airson 32 uairean a thìde (0.8 FTE) a' gabhail a-steach foisean.

Tuarastal: £29,757 sa bhliadhna, pro rata

Sochairean

Uairean obrach: Tha cultar fìor so-fhreagarrach aig Unlimited le uairean obrach sùbailte. Tha poileasaidh "ùine-dheth na h-ìomlaid" (TOIL) againn airson siubhal agus obair aig an deireadh-sheachdain/air an oidhche a dh'fhaodadh a bhith a dhìth bho àm gu àm.

Obair air astar: Faodaidh gach ball de sgioba Unlimited obair bhon taigh, bho ionad aig buidheann ealain ionadail (nuair a cho-dhùinear sin) agus, mas e astar a ghabhas siubhal bho Wakefield a th' ann, aig a' phrìomh-oifis.

Trèanadh agus Leasachadh: Tha Unlimited rùnaichte a thaobh trèanadh is leasachadh luchd-obrach, airson nan daoine fhèin agus mar sgioba. Thathar a' toirt Trèanadh Co-ionannachd Ciorraim dhan a h-uile neach-cosnaidh.

Poileasaidhean agus modhan: Tha an sgioba ag obair ann an co-bhann gus ar poileasaidhean is modhan a leasachadh agus na dòighean-obrach againn a chumseachadh air daoine.

Ruigsinneachd: Tha Unlimited ro-thoilichte atharrachaidhean reusanta a dhèanamh, a bhith a' ceartachadh nan cleachdaidhean is modhan a th' ann an-dràsta airson freagairt ri riatanasan ruigsinneachd, oir bheir sinn taic dhan a h-uile ball sgioba cosgaisean buntainneach iarraidh air Cothrom air Obair.

Fòrladh bliadhna: 25 latha a bharrachd air saor-làithean banca / poblach agus aon latha airson gach bliadhna obrach a bharrachd airson Unlimited, suas ri còig latha aig a' char as motha (co-ionann ri làn-ùine).

Làithean slàinte-inntinn: Trì latha.

Làithean air falbh: Tha an sgioba airson coinneachadh tron bhliadhna gu lèir aig ionadan air feadh na Rìoghachd Aonaichte.

Maoin ealain: Thathar a' toirt £100 dhan a h-uile ball sgioba mar thabhartas airson obair-ealain le neach-ealain ciorramach a cheannach.

Mun dreuchd

Tha sinn a' sireadh neach-obrach dhan sgioba lonmhais againn, ag obair còmhla ris an Oifigear Lonmhais a th' ann mar-thà agus a' toirt taic dhan Mhanaidsear Lonmhais ann a bhith a' làimhseachadh feumalachdan cunntasachd a' charthannais gu lèir.

Tha dleastanasan (air an co-roinn le Oifigear Lonmhais pàirt-ùine) a' gabhail a-steach:

- A' clàradh a h-uile tar-ghnìomh teachd-a-steach is caiteachais ann an Quickbooks, a' dèanamh cinnteach gu bheil an còdadh ceart, gu bheil làn sgrìobhainnean taic agus ceadan an sàs, a rèir ar Poileasaidh Lonmhais agus Ùghdarras Tiomnaichte. Tha na leanas nan eisimpleirean, ach faodaidh feadhainn eile a bhith ann:
- A' pròiseasadh fhàirdealan agus tagraidhean chosgaisean, agus a' cumail sùil air luchd-creideis gu cunbhalach
- A' pròiseasadh thabhartasan dhan fheadhainn a bhios gam faighinn
- A' pròiseasadh aithrisean aig cairtean-charge
- A' clàradh teachd a-steach, a' togail fhàirdealan reic mar a dh'fheumar, agus a' cumail sùil air luchd-fiach gu cunbhalach, a' gabhail gnìomhan smachd creideis far a bheil feum air seo
- A' co-obrachadh le luchd-obrach, luchd-ealain, luchd-creideis agus buidhnean co-cheangailte sam bith eile mar a dh'fheumar
- A' riaghladh a' phròiseas pàighidh seachdaineil, a' dèanamh cinnteach gu bheil ceistean pàighidh air an clàradh agus air am fuasgladh
- A' rianachd cunntasan banca a' charthannais, a' dèanamh cinnteach gu bheil a' cumail suas an ìre as lugha de bhalans agus gu bheil tar-ghnìomhan air am postadh gu ceart agus air an rèiteachadh leis h-aithrisean

- A' rianachd pàigheadh mìosail tro Moorepay, a' dèanamh cinnteach gu bheil gnothaichean co-cheangailte air am postadh gu ceart agus gu bheil pàighidhean air am pròiseasadh a rèir sin
- A' dèiligeadh ri tagraidhean Cothrom air Obair ann an deagh àm, a' conaltradh le Roinn na h-Obrach is nam Peinneanan agus le luchd-obrach mar a dh'fheumar
- A' gabhail pàirt ann am pròiseas dùnaidh deireadh na mìos, a' gabhail a-steach postadh mìosail dhan leabhar-chunntais agus a' toirt taic do rèiteachadh, a rèir clàr-ama aontaichte
- A' dèanamh cinnteach gu bheil na tar-ghnìomhan air an cur a-steach gu Quickbooks gu ceart tro ath-sgrùdadh cunbhalach
- A' sgrùdadh agus a' fuasgladh mì-rèitean a thaobh nan cunntasan, a' togail chùisean agus/no draghan sam bith leis a' Mhanaidsear Ionmhais
- A' cuideachadh le trèanadh luchd-obrach Ionmhais ùr nuair a bhios sin a dhìth.
- A' toirt taic dhan Mhanaidsear Ionmhais le pasganan cunntasachd mìosal/ràitheil
- A' toirt taic dhan Mhanaidsear Ionmhais leis a' phròiseas buidseit/ ro-innse a bhios a' tachairt trì tursan sa bhliadhna
- A' toirt taic dhan Mhanaidsear Ionmhais leis an sgrùdadh bhliadhnail
- Dleastanasan sam bith eile a thèid iarraidh leis a' Mhanaidsear Ionmhais agus/no leis an Stiùiriche

Dleastanasan Eile

- A bhith an làthair aig a h-uile coinneamh luchd-obrach, prògraim is pròiseict, a bharrachd air Làithean air Falbh mar a dh'fheumar.
- A' cumail ri ar luachan, poileasaidhean is modhan-obrach; a' cur ri an cuid leasachaidh gus an dèanamh nas ruigsinniche is ion-ghabhalaiche.
- Ag àrd-mholadh trasnachd is iomadachd na chruthan uile.
- A' co-obrachadh agus a' toirt taic do luchd-obrach eile sna raointean obrach acasan mar a dh'fheumar.
- Dleastanasan sam bith eile a dh'fhaodadh an t-Àrd-riochdaire no Stiùiriche iarraidh oirbh bho àm gu àm.

Is e stiùireadh a th' anns an tuairisgeul obrach seo a thaobh nàdar na h-obrach a dh'fheumar dèanamh san dreuchd seo. Chan eil e aon chuid iomlan no ceanglach agus nithear ath-sgrùdadh air gu tric is minig airson dèanamh cinnteach gu bheil e pongail is dligheach.

Airson ceist sam bith a thaobh an fhiosrachaidh gu h-àrd, leigibh fios gu info@weareunlimited.org.uk.

Dè a tha sinn a' lorg?

Is e seo an sònrachadh neach airson na dreuchd seo, tha sinn an dùil gun coinnich an neach a tha a' lìbhrigeadh na dreuchd seo ris na riathanasan riatanach uile agus gum bi cuid den fheadhainn ion-mhiannaichte aca cuideachd.

Riathanach

- Eòlas air a bhith ag obair ann an dreuchd ionmhais do charthannas den aon seòrsa fad co-dhiù 2 bhliadhna
- Teisteanas ann an cunntasachd no comas air dearbhadh gu bheil comasan aig ìre cho-ionann
- Eòlas air dòighean-obrach ionmhasail làitheil
- Eòlas air a bhith a' cleachdadh bathair bog cunntasachd, leithid Quickbooks, Xero no rudeigin coltach ri seo
- Comas coimpiutaireachd le deagh eòlas air Microsoft Office, gu h-àraidh Excel
- Deagh aire do mhionaideachd, pongalachd, agus dòigh rianail ann an obair rianachd
- Sgilean conaltraidh math labhairteach agus sgrìobhte
- Fèin-bhrosnaichte le deagh sgilean eagrachaidh agus comas obrachadh gu cinn-ama
- Comhfhurtail a bhith ag obair air astar, an dà chuid gu no-eisimeileach agus taobh a-staigh sgioba
- Dealas a bhith a' leantainn deagh chleachdadh

Ion-mhiannaichte

- Eòlas air a bhith ag obair còmhla ri sgioba aig a bheil caochladh feuman ruigsinneachd.

- Eòlas air roinn a’ chultair air feadh na RA, na bacaidhean agus na structaran aice.
- Dealas airson na lèirsinn aig Unlimited.
- Eòlas air obair air astar.
- A’ cur ri iomadachd an sgioba a th’ ann an-dràsta.

Mar a nithear tagradh

Gabhaidh tagraidhean a chur le teacsa, clàr-fuaim no bhidio (cleachdaibh na dòighean as fheàrr leibh) tron làrach iarrtais air-loidhne againn.

Aig a’ cheann thall, bu toil leinn fios fhaighinn air carson as e sibhse as fheàrr dhan dreuchd seo, agus tha sinn coma ciamar a dh’innseas sibh dhuinn seo. Nam b’ fheàrr leibh, faodar tagradh le post-dealain, agus luchdaidh sinn a-nìos an t-susbaint do làrach nan iarrtasan air ur son.

Gheibhear fosglan na h-aplacaid an seo.

Gheibhear dreach sgrìobhainn Word de na ceistean tagraidh an seo.

Ma tha dòigh eile ann a b’ fheàrr leibh cleachdadh airson ur tagraidh ri linn feuman ruigsinneachd, leigibh fios dhuinn. Tha sinn airson uiread de na cnapan-starra ro luchd-tagraidh agus as urrainn dhuinn a thoirt air falbh.

Thèid agallamhan air-loidhne a chumail le bhidio (Zoom mar as trice). An lùib gach pannail taghaidh airson gach dreuchd aig Unlimited, bidh aon neach bhon mhòr-chuid chruinneil ann agus 50% de luchd-ciorramach aig a’ char as lugha.

Ma tha ceistean coitcheann agaibh mun tagradh, agus nam bu mhiann leibh beachdan a thoirt dhuinn a thaobh a’ phròiseis tagraidh, cuiribh post-dealain gu info@weareunlimited.org.uk.

Clàr-ama fastaidh

Ceann-latha airson iarrtasan: Dihaoine 14 Ògmhios 2024, meadhan-latha.

Thèid fios a chur gu gach neach-tagraidh ro: Diluain 24 Ògmhios 2024.

Agallamhan: Dimàirt 5 Iuchar 2024. Is dòcha gum bi dàrna cuairt de dh’agallamhan ann cuideachd, ceann-latha ri dhearbhadh.

Ceann-latha tòiseachaidh a mholamaid: Deireadh an t-luchar / an Lùnastal 2024.

Aithnichear an uiread de dh'ùine is dìchill a tha a dhìth gus tagradh a dheasachadh agus a chur a-steach, mar sin, nì sinn breithneachadh air gach fear leis an dearbh ìre de chùram is mion-aire. Nì sinn seo le bhith a' toirt sùil gheur air an tagraidh, a' coimhead air na feartan riatanach agus ion-mhiannaichte air an deach iomradh a thoirt anns an t-sònrachadh pearsa gu h-àrd.

Mura bheil cinn-latha an agallaimh freagarrach, leigibh fios dhuinn san tagradh agaibh.

Ma thèid ur taghadh airson agallaimh, cuiridh sinn na ceistean agallaimh thugaibh ro làimh. Mar as trice, thèid an cur a dhà no trì uairean a thìde ron agallamh fhèin (gus nach ullaich daoine tuilleadh 's a chòir, oir chan e deuchainn a th' ann agus chan fheum na ceistean rannsachadh agus chan eil freagairtean 'ceart' no 'ceàrr' ann). Ma tha sibh gan iarraidh nas tràithe na seo, air sgàth ruigsinneachd, chan eil agaibh ach ri fios a chur thugainn.

Leigidh sinn fios dhuibh ma dh'atharraicheas ar clàran-ama, agus cluinnidh sibh bhuainn ge b' e dè a' bhuil a bhios aig an tagraidh agaibh.

Mur a faigh sibh agallamh bhon tagradh agaibh, leigidh sinn fios dhuibh ach gu mì-fhortanach cha tèid againn air fiosrachadh eile a thabhann ma fhuaras còrr is 30 tagradh do dhreuchd, oir chan eil gu leòr luchd-obrach ann airson sin.

Leigidh sinn fios do luchd-tagraidh an agallaimh uile mun bhuil.

WX Wakefield Exchange, Union Street, Wakefield, WF1 3AE
weareunlimited.org.uk 07506 679968 info@weareunlimited.org.uk
Registered Charity number: 1196665

  Supported using public funding by
ARTS COUNCIL ENGLAND

 Cyngor Celfyddydau Cymru
Arts Council of Wales

 **BRITISH COUNCIL**

  **LOTTERY FUNDED**

 **phf Paul Hamlyn Foundation**